

# PLANA GÀIDHLIG DHÙN ÈIDEANN

2018 - 2022

A' dèanamh Dùn Èideann na bhaile a tha a' leasachadh agus a' toirt taic do luchd-labhairt Gàidhlig a tha nas fileanta agus nas misneachaile agus a tha a' brosnachadh choimhearsnachdan agus chultaran Gàidhlig beòthail.

Air ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

## Clàr-innse

Foreword.....	4
Facal-toisich.....	5
Cùl-fhiosrachadh.....	6
Co-chomhairleachadh.....	7
Cho-theacsa Corporra .....	8
gu bheil Dùn Èideann na bhaile mòr beothail is seasmhach a tha làn chothroman ....	8
Tha a' Chomhairle lèirsinneach agus airson cumhachd a thoirt do dhaoine .....	8
Amasan seirbheis corporra .....	9
Prionnsabalan tar-ruigheach .....	9
Inbhe na Gàidhlig agus conaltradh leis a' phoball .....	9
An luchd-obrach againn .....	9
Corpas na Gàidhlig.....	10
Gàidhlig ann an Alba agus ann an Dùn Èideann .....	10
Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ....	14
Eaconamaidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus Alba .....	16
Plana Gàidhlig 2012-17 - coileanadh agus adhartas .....	17
Prìomhachasan Ro-innleachdail Plana Gàidhlig 2018-22.....	19
Riaghladh agus cunntachalachd.....	32
Stòrasan .....	33
Aithris Coileanaidh agus Ath-sgrùdadh Poblach.....	33
Sgioba buileachaidh ro-innleachdail Gàidhlig na comhairle.....	34

Air ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

## Foreword

The City of Edinburgh Council is committed to supporting and growing the use of Gaelic amongst our staff, our communities, in our schools and in our wider culture.

As Scotland's capital city, Edinburgh has a special responsibility to nurture and help cultivate the Gaelic language. Gaelic is an integral part of our shared heritage and national identity, and is a unique and essential feature of Scotland's rich cultural tapestry.

Our approach to Gaelic will be progressed in keeping with the city's wider '2050 Edinburgh City Vision' which states that Edinburgh aspires to be a connected, inspired, fair and thriving city. The Gaelic language and Gaelic communities are an integral part of this vision.

Over the life of our last Gaelic Language Plan, the Council has made strong steps towards a more vibrant, supported and visible Gaelic language and culture. We now have a new Gaelic medium education primary school, have expanded Gaelic learning across our schools and improved community relations with Gaelic communities.

However, more can be done to embed a sustainable future for Gaelic. Much of this is around education but this is a corporate Gaelic language plan which must look across the council services to provide a coordinated effort that can direct our resources and actions to better safeguard and improve the future of Gaelic.

This plan will be delivered with the leadership of elected members and the support and dedication of council staff. Importantly we will also look for every opportunity to grow the visibility and support for Gaelic in our wider communities.

While recognising that this plan will be implemented in a time of the widely documented challenge to public sector finances, over the next five years, we will work alongside our Gaelic communities, partners and organisations – including Bòrd na Gàidhlig- to deliver a vibrant and sustainable approach to Gaelic language in the city.

### **Councillor Alison Dickie**

Gaelic Language Champion

The City of Edinburgh Council

### **Andrew Kerr**

Chief Executive

The City of Edinburgh Council

## Facal-toisich

Tha dealas aig Comhairle Baile Dhùn Èideann gus a bhith a' cur taic ri agus a' toirt fàs air Gàidhlig am measg ar luchd-obrach, ar coimhearsnachdan, anns na sgoiltean againn agus anns a' chultar againn anns an fharsaingeachd.

Mar phrìomh-bhaile na h-Alba, tha dleastanas sònraichte air Dhùn Èideann a bhith ag àrach agus a' cuideachadh a bhith a' toirt fàs air Gàidhlig. Tha Gàidhlig na pàirt bunaiteach de ar dualchas co-roinnte agus de ar n-ìomhaigh nàiseanta, agus tha i na pàirt air leth agus ro-chudromach de bheartas cultarail na h-Alba.

Bidh an dòigh-obrach againn a thaobh na Gàidhlig a' dol a rèir 'Sealladh Baile Dhùn Èideann 2050' san fharsaingeachd a tha ag aithris gu bheil Dhùn Èideann ag amas air a bhith na bhaile co-cheangailte, brosnachtaichte, cothromach agus soirbheachail. Tha a' Ghàidhlig agus coimhearsnachdan Gàidhlig aig cridhe na lèirsinn seo.

Thar beatha a' Phlana Gàidhlig mu dheireadh againn, tha a' Chomhairle air ceuman mòra a ghabhail a dh'ionnsaigh cànan agus cultar na Gàidhlig anns a bheil barrachd spionnaidh, aig a bheil barrachd taic agus a tha nas fhollaisiche. A-nis, tha bun-sgoil ùr a' toirt seachad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, tha ionnsachadh na Gàidhlig air leudachadh thar nan sgoiltean againn agus tha sinn air dàimhean coimhearsnachd a leasachadh le coimhearsnachdan na Gàidhlig.

Ach, faodar barrachd a dhèanamh fhathast gus am bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd. Tha mòran de seo co-cheangailte ri foghlam ach 's e plana Gàidhlig corporra a tha seo a dh'fheumas sealltainn thar seirbheisean na comhairle gus oidhirp cho-òrdanaichte a dhèanamh as urrainn ar goireasan agus ar gnìomhan a stiùireadh gus dìon agus leasachadh a thoirt air Gàidhlig san àm ri teachd.

Bidh am plana seo air a lìbhrigeadh le ceannardas nam ball taghte agus le taic agus dealas luchd-obrach na comhairle. Gu cudromach, coimheadaidh sinn cuideachd airson gach cothrom fàs a thoirt air faicsinneachd àrdachadh agus taic a thoirt dhan Ghàidhlig anns na coimhearsnachdan againn san fharsaingeachd.

Le bhith ag aithneachadh gum bi am plana seo air a chur an gnìomh anns na 5 bliadhna a tha romhainn, aig àm anns a bheil dùbhlann aithnichte mu choinneamh ionmhas na roinne poblaich, obraichidh sinn le ar coimhearsnachdan Gàidhlig, le ar com-pàirtichean agus buidhnean – Bòrd na Gàidhlig nam measg – gus dòigh-obrach làn spionnaidh agus a tha seasmhach a chleachdadh a thaobh na Gàidhlig anns a' bhaile.

### **An Comhairliche Alison Dickie**

Laoch na Gàidhlig

Comhairle Baile Dhùn Èideann

### **Anndra Kerr**

Àrd-oifigear

Comhairle Baile Dhùn Èideann

## Cùl-fhiosrachadh

'S e seo an dàrna Plana Gàidhlig aig Comhairle Baile Dhùn Èideann (An Dùbhlachd 2018 gus an Dùbhlachd 2022) a bhios a' togail air an adhartas a rinneadh agus air na leasan a chaidh ionnsachadh bho libhrigeadh a' chiad Phlana Ghàidhlig againn (2012-2017) a tha ri fhaighinn air an [làraich-lìn](#) againn.

Chaidh am plana a dheasachadh mar thoradh air Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha a' cur dleastanas reachdail air buidhnean poblach plana a dheasachadh gach còig bliadhna. Feumaidh am plana cur an cèill mar a bhios a' chomhairle a' cur ri cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 aig a bheil an t-amas dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd.

Tro bheatha a' chiad phlana Gàidhlig aig Dùn Èideann, bha an cuideam air foghlam, bho na tràth-bhliadhnaichean dhan àrd-sgoil. Tha Dùn Èideann air ceuman nach beag a ghabhail le bhith:

- a' leudachadh solarachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG) anns na tràth-bhliadhnaichean
- a' stèidheachadh bun-sgoil FtG ùr (Taobh na Pàirce)
- a' libhrigeadh FtG ann an cuspairean sònraichte gu deireadh ìre an fhoghlaim choitinn leathainn aig Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig (James Gillespie's High School - JGHS) agus a' tairgse Nuadh-eòlas aig ìre Nàiseanta 5
- a' dèanamh barrachd obair leasachaidh air foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) sna bun-sgoiltean agus sna h-àrd-sgoiltean
- a' cumail taic ri leantailachd coimhearsnachd na sgoile Gàidhlig tro bhith a' leasachadh chur-seachadan taobh a-muigh na sgoile
- fàs a bhith ann an àireamh nan teaghlaichean a tha a' taghadh FtG airson an cuid chloinne tro brosnachadh leantainneach de na seirbheisean is goireasan Gàidhlig uile.

Togaidh plana 2018-2022 air an adhartas seo agus bidh e ag amas air adhartas a dhèanamh ann an raointean nas fharsainghe, a' gabhail a-steach an àite-obrach, cultar, na h-ealainean is dualchas agus an eaconamaidh. Feuchaidh e cuideachd ri aghaidh a chur air na dùbhlain a thig an lùib iarrtais a bharrachd airson FtG agus FLI air feadh a' bhaile.

Tha rùn aig a' chomhairle a bhith ag obair ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan na Gàidhlig, luchd-obrach na comhairle, buidhnean a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean Gàidhlig, agus, gu cudromach, le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba. Tha Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig gu h-àraid air a bhith gu mòr an sàs ann a bhith a' cruthachadh agus a' cur ri susbaint a' phlana agus bidh i a' stiùireadh phlanaichean buileachaidh anns am bi mion-fhiosrachadh mu mar a thèid na gnìomhan anns a' phlana Ghàidhlig a libhrigeadh.

Tha daoine a tha cudromach ann an coimhearsnachd na Gàidhlig cuideachd air cuideachadh gus grunn thachartasan com-pàirteachaidh a chur air dòigh le diofar luchd-ùidh, a' gabhail a-steach phàrantan, sgoilearan, luchd-obrach an fhoghlaim, Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba, buidhnean cultair is ealain, agus riochdairean coimhearsnachd eile. Leanaidh a' chomhairle oirre le bhith ag obair ann an com-pàirteachas leis na buidhnean seo gus am plana seo a chur an gnìomh.

## Co-chomhairleachadh

Tha a' chomhairle air co-chomhairle nach beag a chumail le coimhearsnachdan Gàidhlig mun phlana ùr, agus mu na prìomhachasan airson a bhith a' gluasad air adhart san àm ri teachd. Rinneadh [co-chomhairle](#) eadar an Dàmhair agus an Dùbhlachd 2017.

Fhuair a' cho-chomhairle seo fios air ais air an dreachd plana bho sgoilearan agus pàrantan a bha an sàs ann am FtG, bho bhuidhnean coimhearsnachd Gàidhlig, bho luchd-teagaisg agus buidhnean cultarach Gàidhlig cho math ri coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd. Fhuaras 556 freagairtean dhan cho-chomhairle. Bha 387 dhiubh sin air-loidhne agus fhuaras 169 litrichean agus puist-d cuideachd. Bha 56% de na freagairtean dhan t-suirbhidh air-loidhne bho phàrantan no luchd-cùraim aig sgoilearan ann am FtG.

Chaidh iarraidh air luchd-freagairt beachdan a thoirt seachad air susbaint a' phlana, gu sònraichte air an àrd-amas is air na prìonnsapalan, prìomh tèaman ro-innleachdail, gealltanasan agus na gnìomhan gus seo a libhrigeadh tro bheatha a' phlana. Seo cuid de phrìomh thoraidhean na co-chomhairle.

- Dh'aontaich 86% gu bheil an lèirsinn ceart airson a' bhaile agus gun robh e deimhinneach gu bheilear a' faicinn gu bheil coimhearsnachd na Gàidhlig soirbheachail is a' fàs.
- Leanaidh a' chomhairle oirre le bhith a' togail aire am measg nan coimhearsnachdan uile againn mu na buannachdan a tha a' Ghàidhlig a' toirt dhan bhaile againn.
- bu chòir fòcas a bhith air càileachd FtG agus FLI mus fheuch sinn ri cur ri a farsaingeachd - air co-dhùnaidhean nas fheàrr a dhèanamh air cùisean ro-innleachdail le planaichean mionaideach agus le gnìomhan a ghabhas tomhas.
- bha luchd-freagairt cuideachd ag iarraidh barrachd cùraim sgoil-àraich Ghàidhlig seach gu bheil an cànan ro aois sgoile cudromach airson leasachadh na cloinne.
- chaidh beachd a thoirt seachad cuideachd gum bu chòir prìomhachas a bhith air solarachadh thidsearan, càileachd a' churraicealaim agus air a bhith ag aithneachadh nam buannachdan a th' aig foghlam bogaidh, agus gum bu chòir slighean nas soilleire a bhith ann.
- chaidh molaidhean a dhèanamh cuideachd mu chulaidhean-brosnachaidh a thaobh leasachadh pearsanta leantainneach gus barrachd luchd-teagaisg a thrusadh gu FtG/FLI, no gum brosnachadh e luchd-teagaisg a bhith a' fuireach ann am foghlam Gàidhlig no a bhith ag ath-thrèanadh sa Ghàidhlig.
- bheir foghlam bogaidh, cho math ri leasachadh coimhearsnachd, cultair agus ealain cuideachadh do dhaoine gus sgilean a thogail gu luath agus gus fileantas a bhrosnachadh.

Chaidh na beachdan a fhuaras bhon cho-chomhairle a thoirt a-steach dhan phlana seo agus anns na gealltanasan a tha sinn air dèanamh air feadh na comhairle.

## Cho-theacsa Corporra

Tha a' Chomhairle airson dèanamh cinnteach gu bheil gach plana agus gach ro-innleachd aig a' bhuidhinn a' cur ri agus a' libhrigeadh thoraidhean agus amasan [Plana Gnìomhachais na Comhairle 2017-22](#).

Chaidh am Prògram airson a' Phrìomh-bhaile, Plana Gnìomhachais na Comhairle - a chuir air bhog as t-Samhradh 2017 an dèidh taghaidhean nan Comhairlean ionadail agus aonta co-bhanntachd dhan Chomhairle a bhith air aontachadh. Tha am plana seo a' mìneachadh nan amasan airson an ath choig bliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheil Dùn Èideann na bhaile *beòthail agus seasmhach* a tha làn *chothroman* agus gum bi a' chomhairle a' *coimhead air adhart ris an àm ri teachd agus a' toirt cumhachd* do a shaoranaich. Tha am plana stèidhichte air bun-stèidh de ro-innleachdan agus planaichean na Comhairle air feadh a' bhaile agus tha e ag amas air taic a chumail ri ar com-pàirtichean gus seirbheisean ceangailte a' libhrigeadh airson maith na h-uile. Tha am Plana Gnìomhachais a' dol air adhart aig àm nuair a tha dùbhlain ionmhasail is sòisealta leantainneach ann ach nuair a thathar fhathast ag amas air seirbheisean àrd-chàilleachd a nì cruth-atharrachadh a libhrigeadh do na custamairean againn.

Tha cumail taic ri fàs leantainneach ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air aon de na 52 gealltanasan aig a' Chomhairle, a tha mar phàirt de dh'aonta na co-bhanntachd. Tha àite cudromach aig a' Phlana Ghàidhlig againn airson 2018-22 anns a' bhaile againn agus bidh e a' cur gu sònraichte ri libhrigeadh Plana Gnìomhachais na Comhairle thar raon de dh'amasan ro-innleachdail. Tha na h-amasan sin a' gearradh thairis air diofar sheirbheisean agus cha ghabh an toirt gu buil ach tro cho-obrachadh nas glìce eadar seirbheisean agus com-pàirtichean anns gach roinn. Tha am Plana Gàidhlig na phàirt de bhith a' dèanamh cinnteach:

### gu bheil Dùn Èideann na bhaile mòr beòthail is seasmhach a tha làn chothroman

- Far an urrainn do shaoranaich agus coimhearsnachdan pàirt a ghabhail ann am beatha chultarach a' bhaile againn;
- gu bhilear a' dèanamh cinnteach gu bheil Dùn Èideann na dheagh àite airson tadhal air<sup>1</sup> agus airson a bhith a dol dhan oilthigh no colaiste; agus,
- A' dèanamh cinnteach gu bheil saoranaich nas ceangailte gu sòisealta agus gu bheil iad comasach air com-pàirteachadh agus air leasachadh gu pearsanta fad am beatha

### Tha a' Chomhairle lèirsinneach agus airson cumhachd a thoirt do dhaoine

- A' planadh sheirbheisean gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn feumalachdan nan saoranach agus nan coimhearsnachdan a choileanadh san latha an-dugh san àm ri teachd
- Comhairle a bhios a' libhrigeadh, a' stiùireadh com-pàirteachadh agus cumhachdachadh coimhearsnachd agus a' toirt misneachd do shaoranaich a bhith a' gabhail cho-dhùnidhean agus gnìomhan agus
- A' dèanamh cinnteach gun obraich sinn leis na com-pàirtichean agus coimhearsnachdan againn gus seirbheisean a libhrigeadh gu h-ionadail

---

<sup>1</sup> Sheall Rannsachadh Luchd-tadhail VisitScotland (2015 agus 2016) gun robh 34% de luchd-tadhail do dh'Alba ag iarraidh barrachd ionnsachadh mun Ghàidhlig. <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/research-papers/gaelic-language-insights-2016.pdf>



## Amasan seirbheis corporra

Tha na h-amasan aig a' chomhairle airson na Gàidhlig agus a cultar eadar 2018 agus 2022 air an cur an cèill sa phlana seo. Ann a bhith a' libhrigeadh nan nithean seo, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil na prionnsabalan a leanas air an cur an sàs tron obair air fad a nì sinn do luchd-labhairt na Gàidhlig agus dhan choimhearsnachd Ghàidhlig airson seasmhachd leantainneach a' chànain.

'S iad na h-amasan seirbheis corporra bun-stèidh an t-sruth-obrach seo:

### Prionnsabalan tar-ruigheach

Tha sinn airson spèis cho-ionann a bhrosnachadh, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a libhrigeadh gu ìre cho-ionann ris a' Bheurla. Tha sinn cuideachd airson dèanamh cinnteach gun gabh sinn ceumannan practaigeach tro thairgse ghnìomhach gus fios a thoirt dhan luchd-obrach is do na saoranaich gu cunbhalach mu na cothroman Gàidhlig uile a tha co-cheangailte ri obair na Comhairle. Tro dhàimhean le treas phàrtaidhean, mar eisimpleir cunnradairean agus buidheann leth-eisimeileach, tha sinn airson taic agus com-pàirteachadh a bhrosnachadh ann an libhrigeadh a' phlana seo. Obraichidh a' Chomhairle gus a' Ghàidhlig àbhaisteachadh taobh a-staigh na buidhne agus gus cur ri cothroman Gàidhlig taobh a-staigh nam buidseatan làithreach againn. Mu dheireadh, anns an obair againn mar Phàrant Corporra, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig a' chloinn a tha fo chùram againn a bhith a' faighinn nan aon cothroman sa Ghàidhlig 's a tha an fheadhainn aig a bheil cànanan eile.

### Inbhe na Gàidhlig agus conaltradh leis a' phoball

Tha soidhnichean agus brosnachadh na Gàidhlig tron litreachas agus tron làraich-lìn againn na phàirt chudromach den phlana seo. Tha sinn airson soidhnichean Gàidhlig a tha follaiseach agus fiosrachadh Gàidhlig fìor mhath agus fàilteachail a libhrigeadh gus a bhith a' brosnachadh daoine a bhith a' gabhail pàirt anns a' chànan ann am mòran làraichean sa bhaile, nam measg sgoiltean agus àirneis sràide. Nuair a bhios a' chomhairle a' cur soidhnichean ùra an àirde an àite seann shoidhnichean ann an làraichean ann am meadhan a' bhaile - Cùirt Waverley, Seòmraichean a' Bhaile agus Leabharlann a' Mheadhain - nì sinn seo le soidhnichean dà chànanach Gàidhlig is Beurla.

Bidh a' Chomhairle daonnan a' gabhail ri conaltradh bho chustamairean Gàidhlig tro na meadhan a thaghas iad agus nì sinn cinnteach gun toir sinn freagairt iomchaidh dhaibh anns a' chànan a thagh iad. Nuair a bhios e iomchaidh, nì sinn cinnteach gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig rim faighinn aig eadar-aghaidhean custamair far a bheil feum soilleir air seo, mar eisimpleir ann an ionadan-fàilte sgoile, coinneamhan poblach agus taisbeanaidhean.

Seach gum bi a' Chomhairle a' conaltradh gu riaghailteach agus gu neo-fhoirmeil leis na custamairean againn tro na meadhanan sòisealta, an làrach-lìn againn agus tro bhrathan naidheachd, nì sinn cinnteach, far a bheil sin iomchaidh, gum bi am fiosrachadh seo ri fhaotainn do luchd-cleachdaidh sa Ghàidhlig.

### An luchd-obrach againn

Bheir sinn taic dhan luchd-obrach againn gus sgilean Gàidhlig a thogail gus na gealltanasan agus miannan againn a choileanadh. Gus seo a dhèanamh, nì sinn cinnteach gun cuir sinn fios mun plana seo dhan luchd-obrach ùr a tha a' tighinn a-steach dhan bhuidhinn againn mar phàirt den inntrigeadh aca agus gun innis sinn dhan luchd-obrach a th' againn mar-thà tro sheanailean iomchaidh. A bharrachd air seo, nì sinn cinnteach, far a bheil e iomchaidh, gu bheil sinn a' cleachdadh eadar-theangachadh Gàidhlig airson conaltraidhean agus airson susbaint air làraichean-lìn na buidhne.

Nì a' Chomhairle sgrùdadh air an ìre de dh'èolas a tha aig an luchd-teagaisg uile air a' Ghàidhlig aig an àm seo agus air an ìre de dh'ùidh a th' aca ann an ionnsachadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig san àm ri teachd gus buaidh a thoirt air an dòigh sa bheil sinn a' fastadh agus a' glèidheadh luchd-teagaisg. Rinneadh an sgrùdadh seo anns an Ògmhios 2018.

## Corpas na Gàidhlig

Tha sinn air aontachadh gum bi na stuthan Gàidhlig uile againn a' leantainn an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig. Siridh sinn taic air ainmean-àite air feadh a' bhaile bho Ainmean-àite na h-Alba.

## Gàidhlig ann an Alba agus ann an Dùn Èideann

Bha Gàidhlig ga bruidhinn sa mhòr-chuid de dh'Alba aig aon àm, agus b' i prìomh chànan an t-sluaigh ann am pàirt mhòr den dùthaich suas gu ruige an 19mh linn. 'S i aon de na cànanan Ceilteach a tha gam bruidhinn ann an diofar cheàrnaidhean de Bhreatainn is Èirinn, agus tha buntainneas dlùth eadar a' Ghàidhlig, a' Ghaeilge agus Gàidhlig Mhanainn. Tha Gàidhlig a-nis air a h-aithneachadh mar chànan nàiseanta Albannach, aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla fon lagh.

Tha Dùn Èideann air a bhith na àite cudromach dhan Ghàidhlig fad iomadh linn. Tha grunn ainmean-àite ann an Dùn Èideann (faic am mapa gu h-ìosal) nan ainmean Gàidhlig, mar eisimpleir, Balerno (Baile Àirneach, sloe settlement), Craigentenny (Creag an t-Sionnach, rock of the fox), agus Dalry (Dail Fhraoich, heather slope), a tha a' comharrachadh gun robhar a' bruidhinn na Gàidhlig anns an sgìre gu h-eachdraidheil agus gur e pàirt bhunaiteach den bhaile a th' anns a' Ghàidhlig - ann an eachdraidh, san latha an-diugh agus san àm ri teachd.

Dealbh 1: mapa de Dhùn Èideann le ainmean-àite Gàidhlig



Chaidh a chiad leabhar Gàidhlig fhoillseachadh ann an Dùn Èideann ann an 1567, cho math ris a' chiad leabhar Gàidhlig saoghalta (1741) agus a' chiad chruinneachadh de bhàrdachd Gàidhlig (1751). Chaidh Comunn Gàidhealach Dhùn Èideann, prìomh bhuidheann chultarach is acadaimigeach, a stèidheachadh ann an 1784. Stèidhich Oilthigh Dhùn Èideann a' chiad Cathair Ceiltis ann an Alba ann an 1882. Tha plac dà chànanach ann an Johnstone Terrace a'

comharrachadh far an robh a' chiad chaibeil Ghàidhlig anns a' bhaile, a chaidh a stèidheachadh ann an 1767, agus thathar a' cumail seirbheisean Gàidhlig gu cunbhalach fhathast ann an Eaglais nam Manach Liath. Fad a h-eachdraidh, tha prìomh-bhaile na dùthcha air daoine a thàladh le diofar chànanan is chultaran, nam measg Gàidheil na h-Alba.


Am measg an fheadhainn as ainmeile a chuir seachad cuid mhath de am beatha anns a' prìomh-bhaile thairis air na linntean tha bàird, sgrìobhadairean is luchd-ciùil, nam measg Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir (1724-1812), a bha a' fuireach an seo aig deireadh an 18mh linn agus tha a uaigh ann an cladh Eaglais nam Manach Liath; Niall MacLeòid (1843-1924), is dòcha am bàrd Gàidhlig as mòr-chòrdte san 19mh linn; Alasdair MacIlleMhìcheil, (1832-1912), neach-deasachaidh cruinneachadh beul-aithris Carmina Gadelica; na bàird bhon 20mh linn Somhairle MacGill-Eain (1911-96) agus Deòrsa mac Iain Deòrsa. Tha an traidisean seo a' leantainn agus san latha an-diugh tha Dùn Èideann na dhachaigh do chuid de na prìomh bhàird, luchd-ciùil agus luchd-ealain, cho math ri prìomh sgoilearan, luchd-poileasaidh agus luchd-foghlaim ann an saoghal na Gàidhlig.

Chaidh na mapaichean gu h-ìosal a thoirt dhuinn le Bòrd na Gàidhlig agus tha iad a' sealltainn dhuinn cleachdadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus ann an Alba. Sheall toraidhean cunntas-sluaigh 2011 gun robh sgilean Gàidhlig aig 87,100 duine aois 3 no nas sìne ann an Alba (1.7% den t-sluagh). Ann an Dùn Èideann, chaidh a chlàradh gun robh sgilean Gàidhlig air choireigin aig 5,935 (1.7% den t-sluagh air fad).

Dealbh 2: Luchd-labhairt Gàidhlig 2016-17 Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

# Foghlam tron Ghàidhlig 2016-17 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG      Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig      GME Primary School
- Bun-sgoil le sruth FtB      GME primary with English ME stream
- ★ Le sgoil-àraich FtG na cois      With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG      Associated with secondary school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG      Local authority with GME provision



Le dàta bho NRS © Còir coppaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2017.  
 Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir coppaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2017.  
 Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.  
 Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.


Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.  
 Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.

### Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1  
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Gàidhlig  
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.  
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdanais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2015.  
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.  
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.  
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

## Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

Thathar air na buannachdan aig dà-chànanas aithneachadh anns na beagan bhliadhnaichean mu dheireadh agus faodaidh togail agus cleachdadh sgilean Gàidhlig a bhith buannachdail do dhaoine fa leth, do choimhearsnachdan agus do bhuidhnean. Thathar a' tuairmseachadh gu bheil luach eadar £82m agus £149m aig a' Ghàidhlig mar stòras do dh'eaconamaidh na h-Alba. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil sgilean Gàidhlig gu math buannachdail gus obair fhaighinn agus gun urrainn seo dorsan fhosgladh airson grunn diofar dreuchdan ann an diofaran raointean. Tha buidhnean air feadh na h-Alba, leithid Comunn na Gàidhlig (CnaG), a' toirt seachad raon de sheirbheisean gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh.

Tha grunn dòighean ann gus Gàidhlig ionnsachadh agus tha liosta coileanta ann de chùrsaichean air feadh na dùthcha ri faighinn air làrach-lìn [Learnghaelic](http://www.learnghaelic.scot) aig [www.learnghaelic.scot](http://www.learnghaelic.scot). Tha a' Ghàidhlig cuideachd cudromach gu cultarail, gu h-àraidh a thaobh roinn na turasachd agus nan gnìomhachasan cruthachail; a' gabhail a-steach a bhith ag brosnachadh thachartasan Gàidhlig leithid nam Mòdan Nàiseanta agus ionadail a tha a' tachairt air feadh na h-Alba mar eisimpleir Celtic Connections agus Fèis Blas. Tha grunn bhuidhnean cultarach agus ealain, leithid Fèisean na Gàidheal, Comhairle nan Leabhraichean agus Tobar an Dualchais a bhios a' brosnachadh agus cur air adhart na Gàidhlig taobh a-staigh nan gnìomhachasan Cruthachail:

Tha e follaiseach sa cho-theacsa seo gur e foghlam fear de na cuspairean as cudromaiche airson nan coimhearsnachdan Gàidhlig againn fhathast. Tha còir aig sgoilearan a bhith ag iarraidh na h-ìre as àirde 's a ghabhas de dh'ionnsachadh - ìre cho math 's a gheibh luchd na Beurla ann an sgoiltean Dhùn Èideann. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sgoilearan le Gàidhlig a' fàgail na sgoile le mothachadh gu bheil iad air soirbheachadh agus coileanadh, le misneachd agus fileantachd aca sa Ghàidhlig.

Ged a tha dùbhlain shòisealta agus ionmhasail mu choinneamh na Comhairle agus sinn a' co-dhùnadh de an dòigh as fheàrr gus na h-àrd-amasan farsaing againn airson FtG agus FLI a libhrigeadh, tha sinn ag amas air an FLI agus FtG as fheàrr a libhrigeadh as urrainn dhuinn. Coimheadaidh sinn air dòighean-obrach tionnsgalach gus taic a chumail ri libhrigeadh nan amasan againn a thaobh FtG agus FLI.

Tha a h-uile coltas ann gum fàs àireamhan nan sgoilearan ann an sgoiltean Gàidhlig san ùine ghoirid agus sa mheadhan ùine. Tha am fàs seo air a bhith follaiseach anns gach buidheann aoise. Eadar 2013/14 agus 2016/17, dh'fhàs an àireamh de chloinn ann an cùram sgoil-àraich ro-sgoile sa Ghàidhlig bho 59 ann an 2013/14 gu 76 ann an 2016/17. Tha ìre àrd cuideachd de chloinn a' gluasad air adhart gu Clas 1 sa bhun-sgoil bho sholarachadh Gàidhlig nan tràth-bliadhnaichean le mu 85% den fheadhainn a tha a' dol gu sgoil-àraich ro-sgoile a' gluasad air adhart gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil. A thaobh àireamhan sa bhun-sgoil, tha an ìre fàis as motha anns na bliadhnaichean as tràithe san sgoil - Clas 1-Clas 4, le àireamhan ann an cuid de na bliadhnaichean sgoile sin air dùblachadh thairis air an trì bliadhna mu dheireadh.

Tha a' chomhairle a' toirt fa-near fìor shoirbheas FtG agus tha i airson togail air an t-soirbheas seo gus freagairt air an iarrtas a tha fàs airson FtG de dh'àrd-chàilleachd. Tha am fàs ann an àireamhan aig ìre na bun-sgoile a' cruthachadh dhùbhlain shònraichte chan ann a-mhàin leis an t-suideachadh a thaobh goireasan agus luchd-teagaisg ach cuideachd leis na seisean a bharrachd a bhios sgoiltean a' toirt seachad, mar eisimpleir, clubaichean bracaist agus lòn cho math ri cùram 'wraparound' às dèidh na sgoile. Bho 2013/14, tha an àireamh de chloinn a tha a' gabhail pàirt ann an gnìomhachdan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig às dèidh na sgoile air trioblachadh bho 26 sgoilear gu 85 ann an 2017. Ged is e clubaichean Às Dèidh Sgoile an

roghainn as mòr-chòrdte aig teaghlaichean, tha gach club eile co-cheangailte ris an sgoil air àrdachadh susbainteach fhaicinn anns na h-àireamhan a tha gam frithealadh.

Mar thoradh air an fhàs seo, thathar an dùil gun trioblaich àireamh nan sgoilearan ann am Foghlam Àrd-sgoile Gàidhlig ann an Dùn Èideann bho 88 oileanach ann an 2016/17 gu 271 sgoilear ann an 2023/24. Rè na h-ùine seo, thathar an dùil gum tig leudachadh mòr air an àireamh de sgoilearan àrd-sgoile mar thoradh air sgoilearan ùra a' tighinn a-steach do dh'fhoghlam àrd-sgoile ann am bliadhnaichean S1 gu S3 le beagan fàs ann am buidhnean bliadhna eile cuideachd.

Tha na staitistigs seo a' dearbhadh gu bheil, agus gum bi, fìor àrdachadh ann an iarrtas airson seirbheisean foghlaim Gàidhlig sa bhaile. Bidh grunn dhùbhlain mu choinneamh na Comhairle ann a bhith a' dèiligeadh ris an ìre iarrtais seo, ach cuideachd ann a bhith a' dèanamh sin nuair a tha dùbhlain nas fharsainge mu choinneamh na comhairle a thaobh àrdachadh àireamhan sgoilearan air feadh na sgìre agus oighreachd sgoile a tha a' fàs nas sine.

Am measg nan gnìomhan a tha Comhairle Baile Dhùn Èideann a' gabhail gus ullachadh airson an fàs ris a bheilear an dùil ann am FLI agus FtG, tha a bhith a' cruthachadh taic agus cothroman a bharrachd airson co-obrachadh aghaidh-ri-aghaidh, a' tòiseachadh le oileanaich teagaisg nuair a tha iad aig Taigh Mhoireibh agus a' leantainn orra tro na bliadhnaichean deuchainneach agus tro na bliadhnaichean tràtha ann an teagaisg. A bharrachd air sin, tha sinn a' toirt cothrom do luchd-obrach na sgìlean aca a leasachadh gus FLI a thoirt seachad Tha Comhairle Baile Dhùn Èideann ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh coimhearsnachd làidir de luchd-teagaisg Gàidhlig agus slighe-dreuchd shoilleir a bhios mar bhunait airson planadh san àm ri teachd nuair a bhios sinn a' gluasad air adhart ri bhith a' cruthachadh àrd-sgoil làn-Ghàidhlig san fhad-ùine.

Tha am plana seo ag amas air bunaitean làidir a stèidheachadh gus togail air an obair seo agus a bhith ag ullachadh na comhairle airson fàs an dà chuid a thaobh ar maoin calpa agus fastadh luchd-teagaisg.

## Eaconamaidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus Alba

Tha a' Ghàidhlig na stòras do dh'Alba, an dà chuid gu sòisealta agus gu h-eaconamach. Tha e ro-chudromach a bhith a' leantainn oirnn le àbhaisteachadh a' chànain oir thathar ag aithneachadh gun toir obraichean agus fàs eaconamach taic dhan Ghàidhlig cho math ri barrachd cleachdaidh den chànan san fharsaingeachd.

Stiùir Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eileanan pròiseact com-pàirteachais gus rannsachadh a dhèanamh air na dòighean anns a bheil a' Ghàidhlig ga cleachdadh aig an àm seo gus buannachdan eaconamach agus sòisealta a libhrigeadh do ghnìomhachasan, iomairtean shòisealta agus coimhearsnachdan. A rèir an rannsachaidh, dh'fhaodadh luach de suas ri £81.6 millean (tuairmse air tionndadh-airgid meadhanach) agus £148.5 millean (tuairmse air tionndadh-airgid cuibheasach) a bhith aig a' Ghàidhlig do dh'eaconamaidh na h-Alba. Bidh a' Ghàidhlig a' cur ris an eaconamaidh thairis air farsaingeachd de ghnìomhachasan, a' gabhail a-steach turasachd, gnìomhachasan cruthachail, foghlam is ionnsachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig le buidhnean agus iomairtean eadar-dhealaichte ann an diofar bhuidhnean, bho bhith mar phrìomh fhòcas na buidhne gu cleachdadh na Gàidhlig airson cur ri seirbheisean agus bathar sònraichte. Tha a' Ghàidhlig cuideachd ga cleachdadh gu mòr airson ainmean Buidheann no Bathair, Soidhnichean, Sanasachd agus Piobrachadh, mar rudeigin a chòrdadh ri custamairean, no mar an cànan airson conaltradh taobh a-staigh an àite-obrach no le cliantan.

'S iad na bacaidhean as motha a tha aig gnìomhachasan agus buidhnean Gàidhlig:

- cothroman cosnaidh a bhith ann;
- duilgheadasan a thaobh comasachd agus stòrasan;
- cion eòlais agus sgilean Gàidhlig an-dràsta;
- cnapan-starra cultarach.

Ged a tha na dùbhlain sin fhathast ann, tha buannachdan ann do ghnìomhachasan agus do bhuidhnean a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig na cànan beòthail, a' gabhail a-steach pròifil nas àirde agus foghlam nas fheàrr.

Mar Chomhairle a bhios a' coimhead air adhart, bidh am plana seo a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gu bheilear a' tuigsinn buaidh eaconamach na Gàidhlig ann an Dùn Èideann agus gu bheilear a' coimhead ri cothroman gus cinn-uidhe adhartach Gàidhlig a leudachadh do dhaoine òga - le fòcas nach beag air cho cudromach 's a gnìomhachas nan ealan. an dualchais agus a' chultair a thaobh seo.



## Plana Gàidhlig 2012-17 - coileanadh agus adhartas

Chaidh a' chiad Phlana Gàidhlig aig a' Chomhairle a chur air bhog ann an 2012, agus thug e air adhart grunn ghnìomhan, cuid dhiubh a chaidh a thoirt air a-steach dhan phlana ùr airson 2018-22 airson leasachadh a bharrachd. Tha na prìomh bhuilean bhon chiad phlana agus na gnìomhan a thèid a thoirt air adhart dhan phlana seo air an comharrachadh gu h-ìosal:

**Bun-sgoil Taobh na Pàirce** - Chaidh a fosgladh ann an 2013, agus tha fèill mhòr air a bhith air àiteachan ann an Taobh na Pàirce, leis na h-àireamhan anns an sgoil a' fàs gach bliadhna bho 287 sgoilear ann an 15/16 gu 349 ann an 17/18. Tha dùbhlain a tha aithnichte gu nàiseanta, mar eisimpleir, meud nan sgoiltean, trusadh luchd-teagaisg agus feum air Ro-innleachd airson Foghlam Gàidhlig airson Aois 0-18 fhathast againn ann an 2018-22 agus tha iad seo aig cridhe a' phlana ùir. Tha gnìomhan eile a bhios a' leantainn a' gabhail a-steach bogadh ro-sgoile anns a' Ghàidhlig agus teisteanasan airson luchd-obrach ro-sgoile. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air fastadh thidsearan agus leasachadh làraichean sgoile le Fo-bhuidheann Buileachaidh na Gàidhlig air fastadh is comas, le gach cuid a' cur ris an Ro-innleachd airson Foghlam Gàidhlig 0-18.

**Cròileagan** - 'S e buidheann-cluiche airson clann aois 0-5 a th' ann an Cròileagan, le sia seiseanan san t-seachdain agus mu 120 clann a' gabhail pàirt ann. Tha dragh air pàrantan fhathast gur dòcha nach bi cothrom aig clann air FtG aig aois ro-sgoile a chionn 's gu bheil fèill air àiteachan a' fàs nas luaithe na àireamh nan àiteachan. Gus aghaidh a chur air seo, dh'fhaodte gum bi roghainn ann solaraichean cùraim a tha nan com-pàirtichean a chleachdadh gus àiteachan a bharrachd a chruthachadh. Tha cothroman eile a' gabhail a-steach a bhith a' beachdachadh air àiteachan eile sa bhaile gus seirbheisean a libhrigeadh do theaghlaidhean ann an àiteachan nas goireasaiche agus thèid sgrùdadh a dhèanamh air seo cho math ri iarrtas aig ìre na bun-sgoil agus leasachadh làraichean-sgoile le fo-bhuidheann trusaidh is comais.

**Foghlam Àrd-sgoile** - Le barrachd iarrtas airson FtG sa bhun-sgoil, chan eil teagamh sam bith ann nach toir seo seo buaidh air foghlam Àrd-sgoile. Bidh an fho-bhuidheann fastaidh agus comas, a bhios a' gabhail a-steach daoine òga, ag ath-bhreithneachadh air an dòigh as fheàrr gus aghaidh a chur ri seo le bhith a' beachdachadh air leasachadh làraichean-sgoile agus dòighean gus piseach a thoirt air fastadh thidsearan. Tha na leasachaidhean eile anns a' phlana seo a' gabhail a-steach sgrùdadh mu bhith a' leudachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig gu na bliadhnan nas àirde san àrd-sgoile.

**Fiosrachadh Bun-loidhne** - Tro bheatha plana 2012-17, chaidh fiosrachadh agus dàta bun-loidhne a chruinneachadh, mar eisimpleir rolaichean sgoile, gluasad bho sgoil-àraich dhan sgoil agus an ìre-chleachdadh aig seirbheisean leithid chlubaichean bracaist agus clubaichean às dèidh sgoile. Tha am plana ùr seo ag amas air togail air seo an tòiseach le sgrùdadh air cleachdadh na Gàidhlig am measg luchd-teagaisg agus luchd-obrach uile nan sgoiltean. Cumaidh sinn oirnn cuideachd a bhith a' cruthachadh fiosrachadh mu ìre-chleachdadh cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig am measg luchd-obrach ann an raointean seirbheis eile aig a' Chomhairle. Bheir am fhiosrachadh seo comas dhuinn a bhith a' cuimseachadh air leasachaidhean agus goireasan a bheir seachad seirbheisean Gàidhlig nas fheàrr.

**Cultar Gàidhlig** - Chaidh Plana Cultar na Comhairle a chur air bhog san t-Samhain 2015 agus tha e a' dol an àite nan ro-innleachdan ealain a bh' ann roimhe. Mar phàirt den phlana seo agus san àm ri teachd, tha rùn againn a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a bhith mar phàirt de thaobh cultarach a' bhaile. Bidh cothrom aig tachartasan agus buidhnean Gàidhlig a bhith a' dèanamh sanasachd agus a bhith a' brosnachadh thachartasan Gàidhlig air làrach-lìn a' chultair agus bidh cothrom aca air maoinachadh Cultarach mar phàirt den phrògram chultar choitcheann.

**Soidhnichean** - Eadar 2012-17, tha barrachd soidhnichean Gàidhlig anns a' bhun-sgoil san àrd-sgoil agus ann an cuid de dh'àiteachan sa bhaile. Thathar an dùil barrachd obrach a

dhèanamh san raon seo gus tuilleadh leasachaidhean a lìbhrigeadh aig prìomh làraichean air feadh a' bhaile, leithid Seòmraichean a' Bhaile, Leabharlann a' Mheadhain agus prìomh oifis na Comhairle ann an Cùirt Waverley. Bidh iad sin air an lìbhrigeadh aig an aon àm ri leasachaidhean air faicsinneachd na Gàidhlig san fharsaingeachd leis a' chànan ga adhartachadh aig oifisean ionadail agus àiteachan far am bi custamairean agus luchd-obrach a' coinneachadh aghaidh-ri-aghaidh.

## Prìomhachasan Ro-innleachdail Plana Gàidhlig 2018-22

A' toirt aire dhan fhios a fhuair a' Phlana Ghàidhlig, tha sinn air na prìomhachasan ro-innleachdail a leanas a chur ri chèile a tha sinn airson libhrigeadh tro na gnìomhan sa phlana seo. Leis an dòigh-obrach seo, 's urrainn dhuinn goireasan agus oidhirpean a chumseachadh gu h-èifeachdach air na toraidhean a tha sinn airson coileanadh.

### 1 Seasmhach: Tha a' Ghàidhlig ri faicinn, air a brosnachadh agus tha i seasmhach taobh a-staigh Cathair-bhaile Dhùn Èideann.

Bha taic làidir anns a' cho-chomhairle airson gealltanais soilleir a thaobh na Gàidhlig agus a cultar le bhith ag obair gus eòlas is mothachadh a mheudachadh am measg an t-sluaigh air fad agus le bhith ag àrdachadh a faicsinneachd is a cleachdadh.

*'Bu toil leam cuideachd gealltanais fhaicinn cuideachd a bhith a' cur ri faicsinneachd na Gàidhlig ann an Alba, mar a chithear leis na soidhnichean dà-chànanach ann am Pàrlamaid na h-Alba. Chan e a-mhàin gum bi seo a' cur ri mothachadh a' phobaill mun chànan againn, ach bidh e cuideachd a' cur ri misneachd nan sgoilearan ann am FtG, an luchd-ionnsachaidh inbheach agus luchd-labhairt na Gàidhlig mu bhith a' cleachdadh na cànan. Feumaidh Gàidhlig a bhith na cànan a tha ga cleachdadh an uiread 's a ghabhas air feadh a' bhaile gus an soirbhich i mar chànan beò.'*

Mar thoradh air na beachdan seo, cuiridh plana 2018-2022 prìomhachas air gnìomhan gus:

- conaltradh eadar a' Chomhairle agus na coimhearsnachdan Gàidhlig againn tro mheadhan na Gàidhlig a leasachadh
- cur ri faicsinneachd agus taic ris a' Ghàidhlig anns a' bhaile tro leasachaidhean ann an soidhnichean Gàidhlig agus ann an iomairtean conaltraidh nas fharsainge air an stiùireadh leis a' Chomhairle
- a bhith a' gabhail dòigh-obrach cheum air cheum mu bhith a thoirt a-steach fiosrachadh sa Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig taobh a-staigh foillseachaidhean-lìn agus foillseachaidhean eile na Comhairle, a' cuimseachadh air na goireasan a tha buntainneach do choimhearsnachd na Gàidhlig agus a' cur prìomhachas orra airson eadar-theangachadh

### 2 Misneachail: Thèid taic a chumail ris na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan luchd-labhairt Gàidhlig a tha fileanta agus brosnachail

Bha am fios air ais bhon cho-chomhairle soilleir gum bu chòir càileachd FtG agus FLI a bhith na phrìomhachas a bharrachd air a bhith leudachadh foghlam Gàidhlig a rèir iarrtais. Bha luchd-freagairt den bheachd gum bu chòir FtG a bhith ri fhaighinn do dhaoine le ìre comais sam bith agus gum bu chòir slighe shoilleir a bhith ann airson a bhith ag ionnsachadh is a' cleachdadh a' chànan bho na tràth-bhliadhnaichean air adhart.

*'Bu chòir gealltanais a bhith ann gum bi slighe chinnteach ann airson clann taobh a-staigh FtG, i.e. a' dèanamh cinnteach gum bi e cinnteach gun urrainn do chloinn gluasad bho aon ìre dhan ath ìre. Bu chòir gealltanais a bhith ann a thaobh fàs agus leasachadh leantainneach air foghlam Gàidhlig agus air a' Ghàidhlig fhèin ann an Dùn Èideann. A bharrachd air seo, tha teaghlachan airson 's gum bi fòcas air càileachd an fhoghlaim Ghàidhlig a thathar a' toirt seachad, agus aithneachadh ann gu bheil còir aig clann ann am FtG air foghlam bogaidh.'*

Mar thoradh air na beachdan seo, bidh plana GLE airson 2018-2022 a' gabhail a-steach gnìomhan a bhios

- a' cur ris an eòlas againn air an luchd-obrach agus a' toirt piseach air a' phlana againn airson luchd-obrach Gàidhlig ann an cùram-cloinne agus teagasg.

- a' leasachadh planadh airson solarachadh Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean, a gabhail a-steach a bhith a' planadh air adhart airson solarachadh sgoil-àraich phrìobhaideach ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce, solarachadh sgoil-àraich 40/40 agus is dòcha atharrachaidhean air seo bho 2020.
- a' cur ri comas teagaisg tro na bliadhnaichean sgoile
- a' toirt taic ri bhith a' cruthachadh slighe nas soilleire airson clann air feadh speactram a' chomais gus am bi an cothrom aca ionnsachadh
- taic nas fheàrr airson roghainnean airson fastadh is gluasad air adhart do dh'oigridh agus cothroman nas fheàrr airson ionnsachadh le inbhich.

### 3 Air brosnachadh: Tha cultar is ealain na Gàidhlig gam brosnachadh agus gan glèidheadh gu sòisealta agus gu h-eaconamach

Bha e na chuspair làidir am measg nam freagairtean dhan cho-chomhairle cho cudromach 's a tha e gealltanasan a bhith ann a thaobh cultair, nan ealan agus dualchais agus gum feum a' Chomhairle a bhith àrd-amasach ann an leasachadh, glèidheadh is brosnachadh na Gàidhlig anns na raointean seo. Tha seo cuideachd fìor a thaobh àite na Gàidhlig ann a bhith a' toirt taic ri agus a' brosnachadh eaconomaidh shoibheachail ann an Dùn Èideann.

*'Tha seo (eaconomaidh na Gàidhlig) na stòras fìor chudromach, às nach eil sinn a' dhèanamh feum gu leòr, airson buannachd chultarail (agus eaconamach) na h-Alba gu lèir. Tha na h-ealain agus dualchas nan com-pàirtichean nàdarra airson na Gàidhlig agus bu chòir dhuinn deagh fheum a dhèanamh dheth seo.'*

Mar thoradh air na beachdan seo, bidh plana GLE 2018-2022 - tro ghrunn diofar ghnìomhan - ag amas air:

- cuideam a chur air àite na Gàidhlig ann an spòrs, cultar, ealain agus dualchas ann a bhith a' comharrachadh, a' brosnachadh agus ag àbhaisteachadh Gàidhlig mar chànan nàiseanta agus;
- rannsachadh a dhèanamh air dòighean practaigeach agus èifeachdach gus fios a sgaoileadh mu spòrs agus gnothaichean cultarach tron Ghàidhlig agus airson a bhith gam brosnachadh.
- tuigse nas fheàrr fhaighinn air na tha a' Ghàidhlig a' cur ris an eaconomaidh ionadail againn.

Tha na gnìomhan anns an ath earrann a' cur an cèill mar a nì a' Chomhairle adhartas leis na prìomhachasan ro-innleachdail seo agus dè na prìomh ghnìomhan a tha sinn an dùil libhrigeadh taobh a-staigh clàr-ama sònraichte.

## Prìomhachas Ro-innleachdail 1

### Seasmhach: Tha a' Ghàidhlig faicsinneach, air a brosnachadh agus seasmhach ann an Dùn Èideann

Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis agus prìomh chom-pàirtichean	Cuine?
Cuir am plana seo air adhart do luchd-obrach ùr agus do Bhuill Thaghte a bhios a' dol a-steach dhan bhuidhinn againn mar phàirt den inntrigeadh aca agus mar phàirt den chonaltradh leis an luchd-obrach agus Buill Thaghte a tha againn mar-thà tro shianalan iomchaidh.	HR Raointean seirbheis	Bliadhna
Thoir taic ri luchd-obrach na Comhairle gus sgilean Gàidhlig a thogail gus na gealltanasan agus miannan againn a choileanadh.	Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd	Bliadhna
Dèan cinnteach gu bheil sinn, far a bheil sin iomchaidh, a' cleachdadh eadar-theangachadh Gàidhlig airson conaltradh agus airson susbaint air làraichean-lìn na buidhne againn, a' toirt prìomhachas dhan fheadhainn as buntainniche do choimhearsnachd na Gàidhlig, agus a' toirt prìomhachas dhaibh airson a chur an an cruth dà-chànanach Gàidhlig is Beurla.	Raointean seirbheis	2018/19
Brosnaich a' Ghàidhlig gu cunbhalach ann an oifisean sgìreil agus àiteachan eile far am bi custamairean agus luchd-obrach na comhairle a' coinneachadh aghaidh ri aghaidh.	Raointean Chustamairean is Seirbheis	Bliadhna
<p>Nuair a tha soidhnichean ùra gu bhith a' dol suas air feadh a' bhaile, cuiridh a' Chomhairle eadar-theangachaidhean Gàidhlig ann far a bheil sinn iomchaidh. Am measg nam prìomhachasan, bidh:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• trì làraichean an toiseach - Cùirt Waverley, Seòmraichean a' Bhaile agus Leabharlann a' Mheadhain</li> <li>• ag obair le com-pàirtichean thar làraichean cultair, ealain agus dualchais anns a' bhaile gus a' Ghàidhlig a bhrosnachadh</li> <li>• mar phàirt de dh'ùrachadh sam bith air a' bhrannnd corporra agus mar phàirt de Lèirsinn a' Bhaile airson 2050</li> <li>• a' brosnachadh gach ALEO (buidhnean leth-eisimileach) gus beachdachadh</li> </ul>	<p>Seilbh agus Rianachd Ghoireasan</p> <p>Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig</p> <p>Cultar, Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Dualchas na Cruinne Dhùn Èideann</p>	<p>2018/19</p> <p>2022</p>

### Corporra

	air soidhnichean/branndadh Gàidhlig no dà-chànanach ma bhios/nuair a bhios feum air soidhnichean/branndadh ùr a dhìth		
	Stèidhich fo-bhuidheann fastaidh agus comais gus obrachadh a-mach dè bhios a dhìth agus gus cùisean gnìomhachais a chur ri chèile le roghainnean airson fastadh is glèidheadh luchd-obrach a bharrachd cho math ri bhith a' coimhead air an uiread de rùm ann an thogalaichean sgoile bho na tràth-bhliadhnaichean gu àrd-sgoil.	Fo-bhuidheann aig Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig (Foghlam, buill thaghte, comhairlean nam pàrantan, clann agus daoine òga, Bòrd na Gàidhlig)	2018/19
<b>Gnìomhan</b>		<b>Prìomh raon seirbheis agus prìomh chom-pàirtichean</b>	<b>Cuine?</b>
<b>Eaconamaidh, Cultar agus Coimhearsnachdan</b>	Obraich le Riaghaltas na h-Alba agus na buidhnean aige gus taic a chumail ris an obair a tha iad a' dèanamh gus Gàidhlig a bhrosnachadh taobh a-staigh tionnsgalachd agus an roinn chruthachail, chultarail agus dualchais ann an Dùn Èideann.	Leasachadh Eaconamach, Cultar, Bòrd na Gàidhlig, VisitScotland agus Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	2022
	Cùm oirnn a bhith a' cur ri com-pàirteachadh agus togail comas le coimhearsnachdan Gàidhlig gus barrachd com-pàirteachadh a bhrosnachadh ann an gnìomhan coimhearsnachd agus ionadail.	Ro-innleachd is Lèirsinn Manaidsearan Sgìreil	2022
	Beachdaich air dòighean gus solarachadh sòisealta airson FtG a chur air dòigh taobh a-staigh poileasaidhean agus planaichean leasachaidh spòrs na Comhairle.	Coimhearsnachdan is Teaghlachaichean	Bliadhna
<b>Luchd-obrach</b>	Comharraich sgioba Gàidhlig na Comhairle gus taic iomchaidh a thoirt do leasachaidhean Gàidhlig agus do sheasmhachd fad-ùine dhan chànan.	Àrd-oifigear	2018/19
	Dèan sgrùdadh air comasan cànanain am measg luchd-obrach teagaisg/nan tràth-bhliadhnaichean gus an ìre de sgilean Gàidhlig a chomharrachadh agus gus faighinn a-mach dè an ìre de dh'ùidh a th' ann a thaobh ionnsachadh na Gàidhlig.	Foghlam	2018/19
	Cruthaich plana gnìomh ionadail/roinneil airson fastadh is glèidheadh nas fheàrr	Foghlam	2018/19

	<p>airson luchd-teagaisg GTCE agus luchd-teagaisg deuchainneach gus cur ri foghlam Gàidhlig agus gus cur a chàileachd tro phrògram com-pàirteachais le Bòrd na Gàidhlig.</p>	Bòrd na Gàidhlig	
	<p>Sgaoil fios mu Bharantas Dhùn Èideann (the Edinburgh Guarantee) do bhuidheann Gàidhlig a dh'fhaodadh airgead fhaighinn bhainn gus an àireamh de dhaoine a tha a' dèanamh phreantasachdan Gàidhlig àrdachadh.</p>	Leasachadh Eaconamach	
	<p>Mar phàirt den dòigh-obrach ro-innleachdail againn airson a bhith a planadh an luchd-obrach foghlaim againn, bidh sinn a' trusadh luchd-teagaisg le sgilean Gàidhlig gu gnìomhach agus a' feuchainn ri luchd-teagaisg deuchainneach le sgilean Gàidhlig a chumail gus dèanamh cinnteach gum bi na pròiseasan fastaidh agus suidheachadh freagarrach.</p>	Foghlam BnG	Bliadhnail



## Prìomhachas Ro-innleachdail 2

Misneachail: Thèid taic a chumail ris na coimhearsnachdan againn gus a bhith nan luchd-labhairt Gàidhlig a tha fileanta agus brosnachail

Buidheann aoise	Gnìomhan	Prìomh raon seirbheis agus prìomh chom-pàirtichean	Cuine?
Aois sam bith	Ath-dhealbhadh taic ann an Coimhearsnachdan is Teaghlaichean gus dreuchd a chruthachadh, gus taic a thoirt do dh'fhoghlam bho 0-18.	An t-luchar 2018	
	Thoir taic ri agus thoir bhuaidh air cruthachadh agus foillseachadh stuthan foghlaim nàiseanta airson foghlam Gàidhlig.	Foghlam, Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba	Leantainneach
Solarachadh 0-3 bliadhna air a stiùireadh le comataidhean phàrantan agus Bòrd na Gàidhlig le taic bhon Chomhairle	Cùm taic ri fàs ann an conaltradh mu FtG tro làrach-lìn na Comhairle agus NHSL.	Foghlam	2018-19
	Tog aire mu shlighean FtG agus mu a bhuannachdan, a' gabhail a-steach fios mu na dùbhlain a tha an lùib a bhith a' dol an sàs ann.	Foghlam	2018-19
	Thoir fiosrachadh mu FtG do mhnathan-glùine, luchd-tadhal slàinte agus luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean.	Foghlam	2018-19
	Dèan rannsachadh air co-obrachadh le buidhnean a bhios a' cumail taic ri dhà-chànanas agus ionnsachadh cànan aig tràth-ìre.	Foghlam	2018-19
	Obraich le com-pàirtichean gus fiosrachadh a thoirt seachad mu ghoireasan ionnsachaidh teaghlaich do phàrantan ro- agus às dèidh- breith.	Foghlam/NHS	2018-19
	Cuir ris an ìre chom-pàirteachaidh ann an gnothaichean cultarach na Gàidhlig	Foghlam, Comataidhean nam Pàrantan	Leantainneach
0 gu 3 bliadhna – Cròileagan Air a stiùireadh le comataidhean nam pàrantan agus Bòrd na Gàidhlig le taic	Stèidhich seirbheisean Cròileagan a bharrachd le cròileagan faisg air Sgoil-àraich sam bith a thèid a leudachadh.	Foghlam/Bord na Gàidhlig	2018-22
	Leasaich dàimhean agus obair com-pàirteachais le roinnean eile gus an leudachadh a thathar a' moladh a chur an comas.	Foghlam, Comataidhean Phàrantan, BnG	2018-20
	Duaisean agus aithne a chur air dòigh airson luchd-obrach sa Chròileagan a rèir poileasaidh na Comhairle.	Foghlam	2018-19
	Dèan ath-sgrùdadh air cothroman aig teaghlaichean air Gàidhlig ionnsachadh, le fòcas air clann a tha a' gluasad bhon Chròileagan dhan Sgoil-àraich.	Foghlam, Comataidhean, Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba	2018-19

<b>bhon chomhairle</b>	Thoir taic do phàrantan gus comataidhean nan Cròileagan a neartachadh tro thaic nas fheàrr.	Foghlam	2018-19
	Obair le pàrantan, Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus na goireasan ionnsachaidh teaghlaich airson clann sa Chròileagan a leasachadh le co-dhiù aon seisean gach seachdain airson teaghlaichean a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus aon seisean airson teaghlaichean aig a bheil Gàidhlig.	Foghlam Comataidhean Phàrantan Bòrd na Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba	2018-19
<b>Buidheann aoise</b>	<b>Gnìomhan</b>	<b>Prìomh raon seirbheis agus prìomh chom-pàirtichean</b>	<b>Cuine?</b>
<b>3-5 Sgoil-àraich</b>	Leudaich an t-seirbheis Sgoil-àraich làithreach sa bhaile, a leantainn àireamhan nan àiteachan sa bhun-sgoil, ann an ionad air leth, no ann an ionad co-roinnte cho math ri ionad FtG, no ionad co-roinnte le ionad gun FtG.	Foghlam	2018-22
	Dèan sgrùdadh comais air aonta a dhèanamh le com-pàirtiche prìobhaideach (sgoil-àraich prìobhaideach) gus seirbheis sgoil-àraich ùr (aois 3-5) a stèidheachadh.	Foghlam	2018-19
	Cruthaich cothroman a bharrachd airson teaghlaichean le clann san Sgoil-àraich a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh buidhnean teaghlaich co-cheangailte ri diofar Chròileagan.	Foghlam	2018-19
	Obraich còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus measadh a dhèanamh a bheil feum air poileasaidhean nàiseanta a thaobh nan slatan-tomhais a thathar a' cleachdadh airson àiteachan a thoirt do chloinn ann am FtG.	Foghlam/Bord na Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba	2018-19
	Cruthaich culaidhean-brosnachaidh do luchd-obrach sgoil-àraich FtG gus piseach a thoirt air trusadh is glèidheadh luchd-obrach agus broснаich sgoilearan FtG gus a bhith ag obair/ a bhith a' dèanamh obair shaor-thoileach anns an Sgoil-àraich tro Fho-bhuidheann Buileachaidh na Gàidhlig, a' gabhail a-steach Foghlam, Buill Thaghte, Comhairlean Phàrant, daoine òga agus BnG.	Fo-bhuidheann aig Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig	2018-19
	Lean oirnn a bhith ag obair còmhla ri Fèisean nan Gàidheal gus coimhead air cothroman a bharrachd a dh'fhaodadh Fèisgoil a thoirt do chloinn san sgoil-àraich a thaobh chùisean cultarach.	Foghlam Fèisean nan Gàidheal	2018-20
	Lean oirnn a bhith ag obair le stòrlann le bhith a' toirt seachad taic a bharrachd airson ionnsachadh ann am FtG, stèidhichte air feumalachdan na cloinne ann am foghlam bogaidh.	Foghlam Stòrlann	Leantainneach

<b>5-11 Bun-sgoil</b>	Dèan rannsachadh air leudachadh a thoirt air na ghabhas Bun-sgoil Taobh na Pàirce tro obair chalpa agus a bhith a' dèanamh ath-eagrachadh den sgoil.	Fo-bhuidheann aig Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig	2018-20
	Leanaidh sinn oirnn a bhith a' cumail taic ri Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus measadh a dhèanamh air na poileasaidhean nàiseanta a th' ann a thaobh nan slatan-tomhais a thathar a' cleachdadh airson àiteachan a thoirt do chloinn ann am FtG	Foghlam	2018-19
	Dèan rannsachadh air a bhith a' cruthachadh Bun-sgoil aois 5-11, an dàrna cuid taobh a-staigh bun-sgoil a th' ann mar-thà, no mar leas-thogalach aig sgoil Foghlam tro Mheadhan na Beurla, le planaichean eadar-ghluasad co-cheangailte, no mar Bhun-sgoil air a togail as ùr le planaichean eadar-ghluasad cho-cheangailte.	Fo-bhuidheann aig Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig	2018-20
	Fhad's a tha barrachd sgoilearan a' tòiseachadh aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce, a thig bhon sgoil-àraich ùir (a tha a' gabhail na cloinne a thig bho na Cròileagain ùra), bu chòir a' chlànn a bharrachd seo a chumail còmhla sna h-aon chlasaichean/leis an aon luchd-teagaisg, le sùil an gluasad aig a' cheann thall dhan t-solarachadh Bun-sgoil 5-11 ùr.	Foghlam	2018-20
	Bruidhinn ri ùghdarrasan foghlaim faisg air làimh gus beachdachadh air dòighean gus seirbheisean roinneil is com-pàirteach a stèidheachadh.	Foghlam	2018-20
<b>5-11 Bun-sgoil</b>	Dèan ath-sgrùdadh air luchd-obrach agus goireasan aig Taobh na Pàirce gus dèanamh cinnteach gu bheil comas gu leòr ann gus cothrom a ghabhail air E-Sgoil.	Foghlam	2018-19
	Obair còmhla ri Stòrlann gus taic a chumail ri libhrigeadh taic a bharrachd airson ionnsachadh ann am FtG.	Foghlam	Leantainneach
	Lean oirnn a bhith ag obair còmhla ri Fèisean nan Gàidheal gus coimhead air cothroman a bharrachd a dh'fhaodadh Fèisgoil a thoirt do chloinn san sgoil-àraich a thaobh chùisean cultarach.	Foghlam Fèisean nan Gàidheal	2018-20
	Dèan rannsachadh air carson a tha cuid de sgoilearan agus teaghlaichean a' co-dhùnadh FtG fhàgail às dèidh Bun-sgoil Taobh na Pàirce.	Foghlam	2018-19
<b>11-18 Àrd-sgoil</b>	Cùm taic ri com-pàirtichean gus cùram bogaidh làn-ùine sa Ghàidhlig a leasachadh airson leasachadh cànan.	Foghlam	Leantainneach
	Sgoilearan FtG gu bhith air an cur a-steach dhan aon taigh-sgoile agus ann am	Foghlam	2018-19

	buidhnean còmhla le clasaichean clàraidh aca.		
	Cuir cudrom a bharrachd ann am FtG san àrd-sgoil agus aig an t-Ùghdarras Foghlaim air spèis cho-ionann a shealltainn do chànanan; agus nuair a thathar a' dealbh phoileasaidhean, thèid aithneachadh gur e a' Ghàidhlig fear de na trì cànanan nàiseanta ann an Alba (Beurla, Gàidhlig agus a' Bheurla Ghallda).	Foghlam	Leantainneach
	Cruthaich agus libhrig plana fhad-ùine gus dèanamh cinnteach gum bi àrd-chàileachd agus fàs seasmhachd ann an FtG àrd-sgoile, a chumas taic ris na h-àireamhan de sgoilearan, a tha a' sìor fhàs bho Thaobh na Pàirce, agus bho bhun-sgoil FtG sam bith eile a thèid a stèidheachadh san àm ri teachd, mar a bhios iad a' gluasad a-steach do AS1 agus nas fhaide air adhart.	Foghlam Fo-bhuidheann aig Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig	2020
	Beachdaich air co-mhaoineachadh airson leudachadh air FtG san àrd-sgoil tro bheatha a' phlana seo.	Foghlam/Bord na Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba	2018-20
	Dèan lèirmheas air atharrachadh sa chlàr-ama agus air goireasan gus cothrom a thoirt do sgoilearan pàirt a ghabhail ann an E-Sgoil.	Foghlam	2018-19
	Dèan ath-sgrùdadh air na roghainnean airson dreuchdan agus eadar-ghluasad gus dèanamh cinnteach gun tèid sgoilearan dhan cho-labhairt bhliadhnail Siuthad an dàrna cuid ann an Glaschu no Inbhir Nis.	Foghlam	2018-19
	Obair gus roghainnean a neartachadh a thaobh dreuchdan agus eadar-ghluasad anns an àrd-sgoil	Foghlam, Leasachadh Sgilean Alba, Foghlam Adhartach/Àrd-ìre	2018-20
<b>Foghlam inbheach</b>	Brosnaich na clasaichean Gàidhlig a tha Prògram Ionnsachaidh nan Inbheach a' libhrigeadh do shaoranaich agus stèidhich bun-loidhne a gus sùil a chumail air an ìre-chleachdaidh.	Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Conaltradh	Bliadhnail
	Lean air adhart le bhith a' sgrùdadh agus a' leasachadh solar Gàidhlig airson inbhich air feadh a' bhaile a rèir an Ro-innleachd Nàiseanta Gàidhlig airson Inbhich; a' dèanamh cinnteach gum bi seirbheisean air an co-òrdanachadh air feadh a' bhaile gus dùblachadh a sheachnadh.	Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd Buidhnean libhrigidh luchd-ionnsachaidh inbheach	Leantainneach
	Àrdaich an inbhe a th' aig teagasg Gàidhlig ann an suidheachaidhean foghlam adhartach agus leasaich cothroman airson ionnsachadh inbheach agus	Fastadh Oilthighean is Colaistean	Leantainneach

	Teisteanasan Teagaisg Gàidhlig.	Dhùn Èideann	
	Dèan measadh air an ìre de dh'ùidh a th' aig daoine ann am prògram de leasachadh sgilean airson luchd-labhairt na Gàidhlig gus dreuchdan is cothroman obrach Gàidhlig a bhrosnachadh, mar eisimpleir ann am foghlam, na gnìomhachasan cruthachail agus turasachd	Foghlam, Leasachadh Sgilean Alba, solaraidhean Foghlam Adhartach/Àrd-ìre	2018-20
	Dèan sgrùdadh comais air prògram ùra airson leasachadh sgilean airson ceannardan coimhearsnachd ann an saoghal na Gàidhlig agus brosnach dreuchdan agus cothroman obrach Gàidhlig.	Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd	2018-20
	Thoir taic ri cothroman do phàrantan an cuid sgilean labhairt Gàidhlig a thoirt air adhart tro bhith ag obair le sgiobaidhean Foghlaim agus Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd.	Comunn na Gàidhlig, Ògan an Dhùn Èideann	Leantainneach

## Prìomhachas Ro-innleachdail 3

Air brosnachadh: Tha cultar is ealain na Gàidhlig gam brosnachadh agus gan glèidheadh gu sòisealta agus gu h-eaconamach

### Gnìomhan

#### Cultar is coimhearsnachdan

Dèan cinnteach gu bheil cothrom aig coimhearsnachdan Gàidhlig làrach-lìn a' Chultair a chleachdadh

Cùm taic ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig gus cothrom a bhrosnachadh air stuthan cultarach Gàidhlig, mar eisimpleir, àiteachan filmidh, làraichean ealain agus eachdraidheil (m.e Cùirt nam Makar) agus lean oirnn le bhith a' cumail taic ri lìonraidhean luchd-ealain ionadail agus ri leasachadh nan ealan.

Dèan leasachadh a bharrachd air com-pàirteachasan le buidhnean nàiseanta (mar eisimpleir Event Scotland) gus cultar agus eachdraidh a' bhaile a bhrosnachadh an dà chuid gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Dèan ath-sgrùdadh air a' cheangal a th' aig Dùn Èideann ri làraichean cultarach agus ealain cudromach.

Freagair iarrtasan agus co-obrach leis a' Choimhearsnachd Ghàidhlig gus taic a thoirt do thachartasan/thaisbeanaidhean ann an leabharlannan agus prògraman Coimhearsnachd agus Ruigsinneachd nan Taighean-tasgaidh.

Brosnaich cothroman a bhith a' gabhail pàirt ann an tachartasan ealain no cultarach, mar eisimpleir, [Seachdain na Gàidhlig](#) anns an t-Samhain.

Thoir taic ri cleachdadh Gàidhlig aig Ionad Sgeulachdan na h-Alba agus Fèis Eadar-nàiseanta nan Sgeulachdan Albannach, a tha air a thoirt seachad le TRACS (buidheann a bhios a' faighinn maoinachadh bhon Chomhairle) tron Aonta Maoineachaidh Bhliadhnail.

Brosnaich cothroman air maoinachadh agus cothroman air obair shaor-thoileach dhan choimhearsnachd Ghàidhlig tron Chuairt-litir aig Comataidh Cultar is

	<p>Coimhearsnachd.</p> <p>Dèan cinnteach gum faigh buidhnean a gheibh maoineachadh bhon Chomhairle fiosrachadh mun Phlana Ghàidhlig mar phàirt den Aonta Maoineachadh Bhliadhnail.</p> <p>Lean oirnn leis an obair againn le VisitScotland, Alba Eachdraidheil agus Oilthigh Dhùn Èideann gus dòighean a chomharrachadh gus Gàidhlig a bhrosnachadh ann an turasachd, eachdraidh agus dualchas.</p> <p>Obair le International Music and Performing Arts Charitable Trust (IMPACT), gus beachdachadh air taic a thoirt do cheòl agus ealain-chluiche na Gàidhlig anns a' phrògram airson an ionaid ùr a tha gu bhith air a thogail ann an Ceàrnag Naoimh Anndrais.</p>
<b>Eaconamaidh</b>	<p>Obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig agus com-pàirtichean eile gus tuigse fhaighinn mu bhuidhnean shòisealta is eaconamach na Gàidhlig anns a' bhaile agus gus cothroman a chomharrachadh gus na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith aig a' Ghàidhlig do dh'eaconamaidh Dhùn Èideann a choileanadh. Lean oirnn le bhith a' comharrachadh cheanglaichean ri Gàidhlig ann am poileasaidhean agus ro-innleachdan turasachd agus ceanglaichean ri planaichean leasachaidh ionadail.</p>
<b>Conaltradh</b>	<p>Obraich le MG ALBA, am BBC agus companaidhean nam meadhanan gus cothroman a chomharrachadh gus cur ri sgilean Gàidhlig sna meadhanan ann an Dùn Èideann.</p>


## Riaghladh agus cunntachalachd

Is e a' phrìomh comataidh Comhairle a tha an urra ris a' phlana Comataidh Poileasaidh is Ro-innleachd Corporra (agus Comataidh Foghlam, Coimhearsnachdan agus Teaghlaichean a bhios a' dèiligeadh gu sònraichte ri cùisean co-cheangailte ri cùisean co-cheangailte ri foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh).

Cumaidh a' chomhairle sùil air libhrigeadh leantainneach a' Phlana Ghàidhlig tro Buidheann Bhuileachaidh na Gàidhlig, aig a bheil Laoch na Gàidhlig mar chathraiche agus anns a bheil buill bhon choimhearsnachd Ghàidhlig. Tha Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig air a bhith ro-chudromach ann an cruthachadh a' phlana agus bidh i cuideachd aig cridhe uallach na comhairle airson a bhith a' libhrigidh a' Phlana. Bidh Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig cuideachd a' stiùireadh cruthachadh nam planaichean buileachaidh a bhios a' cur an cèill mar a thèid na gnìomhan anns a' Phlana Ghàidhlig, le mion-fhiosrachadh mu ghnìomhan, com-pàirtichean, pròiseasan agus clàran-ama airson gach gnìomh.

Obraichidh a' Chomhairle le Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig gus na h-aithisgean reachdail bliadhnaile a chruthachadh agus gus beachdan nan coimhearsnachdan Gàidhlig a chur an cèill fhad 's a thathar a' measadh adhartas leis na ghnìomhan agus amasan againn. Mar phàirt de bhuileachadh plana 2018-22, thèid dleastanasan agus raon-ùghdarras Plana Buileachaidh na Gàidhlig ath-sgrùdadh agus a shoillearachadh gus taic a chumail ri sealbh agus libhrigeadh nan gnìomhan.

Thèid Fo-bhuidhnean Buileachaidh Gàidhlig a stèidheachadh gus fòcas a chur air raointean sònraichte den obair mar a bhios iomchaidh, airson àm suidhichte Bidh iad seo a' gabhail a-steach riochdairean bhon choimhearsnachd Ghàidhlig, buill thaghte, pàrantan agus clann is òigridh.





## Stòrasan

Tha cuideam nach beag air goireasan air feadh na roinne poblaich aig an àm seo agus thathar an dùil gun lean seo tron ath chòig bliadhna. Iarraidh a' Chomhairle goireasan gus am plana a chur an gnìomh tro bhuidseatan àbhaisteach agus tro na h-aontaidhean com-pàirteachais againn. Chan eil sinn a' gabhail ris gum bi airgead sam bith a bharrachd ann bhon Chomhairle ach a-mhàin a thaobh gnòthaichean foghlam ùra. Thèid iarrtasan airson stòrasan a chur tron phròiseas buidseataidh fhathast agus bithear a' sireadh chothroman airson co-obrachadh agus co-mhaoineachadh. Am measg nan goireasan a thèid a chleachdadh gus an ro-innleachd a libhrigeadh, tha:

- ùine nan oifigearan agus taic neo-airgid eile bhon Chomhairle, bho chom-pàirtichean agus bhon roinn shaor-thoileach
- luchd-teagaisg ann an sgoil le raon-ùghdarras a tha a' gabhail a-steach na Gàidhlig
- Sgioba Gàidhlig na Comhairle
- Tasgadh sa choimhearsnachd Ghàidhlig
- buidhnean mar eisimpleir Alba Chruthachail, Iomairt na h-Alba, VisitScotland agus Alba Aosmhor
- Tabhartas sònraichte Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba airson foghlam Gàidhlig agus tabhartas luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann am bun-sgoiltean (GLPS) airson trèanadh tro Cho-bhanntachd Meadhan na h-Alba.
- Maoin Gnìomhachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF)
- an dreuchd leth-ùine mar Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig gus taic a chumail ri Iomairt Ghàidhlig Dhùn Èideann
- Stòrlann, maoinichte leis an riaghaltas, a chaidh a stèidheachadh gus cruthachadh agus sgaoileadh goireasan foghlaim Gàidhlig a cho-òrdanachadh. Bidh a' chomhairle a' faighinn nan goireasan GLP agus GLPS uile a chruthaicheas iad saor is an-asgaidh

Tha a' Chomhairle airson leantainn oirre le conaltradh leantainneach le Bòrd na Gàidhlig, com-pàirtichean maoinachaidh agus leis a' choimhearsnachd fhad 's a thathar a' cur a' phlana air bhog agus nuair a thathar ga chur an gnìomh agus ga mhaoineachadh/ga ghoireasachadh.

## Aithris Coileanaidh agus Ath-sgrùdadh Poblach

A rèir cuairt aithris bhliadhnail na Comhairle, obraichidh oifigearan na Comhairle le Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig gus aithisg coileanaidh is sgrùdaidh bliadhnail a dheasachadh air a' Phlana Ghàidhlig airson aonta le comataidh na Comhairle.

Thèid am plana coileanaidh is sgrùdaidh a chur gu Bòrd na Gàidhlig cuideachd agus bidh e ag aithris air an adhartas a rinneadh a thaobh nan gealltanasan ro-innleachdail againn. Bidh ùrachaidhean ann cuideachd mu:

- ìrean iarrtais, àireamhan sgoilearan a rèir buidhnean bliadhna agus ìrean eadar-ghluasaid, a' togail air na bun-loidhnichean airson 2013-14 gu 2016-17
- aithisgean adhartais mu libhrigeadh nan gealltanasan ro-innleachdail
- stadastaireachd buileachaidh is coileanaidh airson FtG airson tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil agus àrd-sgoiltean
- dàta coileanaidh airson FLI aig tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil agus àrd-sgoil.
- fios air ais bho chom-pàirteachadh le sgoilearan is pàrantan
- fios air ais bho chom-pàirteachadh le luchd-obrach
- fios air ais bho luchd-ùidh agus com-pàirtichean eile

Thèid lèirmheas a dhèanamh air a' phlana gach bliadhna agus thathar an dùil gun tèid plana ùr a dheasachadh eadar am Màrt agus an t-Sultain 2022.

## Sgioba buileachaidh ro-innleachdail Gàidhlig na comhairle


Laoch na Gàidhlig: An Comhairliche Alison Dickie

[Alison.Dickie@edinburgh.gov.uk](mailto:Alison.Dickie@edinburgh.gov.uk)

Prìomh Oifigear na Comhairle: Beth Hall

[Beth.Hall@edinburgh.gov.uk](mailto:Beth.Hall@edinburgh.gov.uk)

Prìomh Oifigear Foghlaim: Manaidsear Seirbheis (Foghlam Gàidhlig) (Dreuchd ùr)



## HAPPY TO **TRANSLATE**

Is urrainn dhut an sgrìobhainn seo fhaighinn air teip, ann am Braille, ann an clò mòr agus ann an diofar chruthan coimpiutair ma dh'iarras tu sin. Cuir fios gu Interpretation and Translation Service (ITS) air 0131 242 8181 agus cleachd an àireamh iomraidh 18-3553. Is urrainn do ITS fios a thoirt dhut mu eadar-theangachadh ann an cànanan coimhearsnachd.

Gheibh thu barrachd lethbhreacan den sgrìobhainn seo le bhith a' cur fòn gu 0131 553 8220.